

## Stòras Ionnsachaidh 6:

# Profaidhleadh sgilean agus coileanaidhean ann an co-theacsa foghlam dreuchdail



Developing the Young Workforce  
Career Education Standard (3-18)

September 2015

## Clàr-innse

Adhbhar .....	<b>Error! Bookmark not defined.</b>
Profaidhleadh – Cùl-fhiosrachadh .....	<b>Error! Bookmark not defined.</b>
Carson a tha profaidhleadh cudromach ann am foghlam dreuchdail? .....	<b>Error! Bookmark not defined.</b>
Dè tha Inbhe Foghlam Dreuchdail 3-18 ag ràdh?.....	<b>Error! Bookmark not defined.</b>
Cò tha a' toirt taic don phròiseas profaidhlidh? .....	8
Dè tha ann am profaidhl agus co leis a tha e? .....	10
Dè a bu chòir a bhith ann am profaidhl? .....	<b>Error! Bookmark not defined.</b>
Dè cho cudromach 's a tha e a bhith a' glacadh leasachadh sgilean? .....	<b>Error! Bookmark not defined.</b>
Cò ris a tha profaidhleadh a' coimhead coltach? .....	13
Dè an ath rud? .....	15
Na h-ath cheumannan: Deuchainn bheag a thaobh atharrachadh .....	16
Pàipear-taic : Ceangalan agus stòrasan co-cheangailte.....	<b>Error! Bookmark not defined.</b>

## Adhbhar

Tha an stòras seo mar phàirt de sheata de stòrasan ionnsachaidh a bhios, air fad, a' toirt taic do bhith a' leasachadh modh-obrach co-cheangailte ri bhith A' Leasachadh na Sgioba Obrach Òg (DYW). Tha e ag amas air a bhith a' toirt taic do **phrofaidhleadh** ann an co-theacsa **foghlam dreuchdail** agus leasachadh **sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair**. Tha e ceangailte gu dìreach ris na còraichean agus na sùileachaidhean a tha air an cur a-mach ann an [Inbhe Foghlam Dreuchdail 3-18](#) agus a bhith a' cur an sàs a' phrògram DYW nas fharsainge. Tha e cuideachd co-cheangailte ri grunnan chomharran càileachd (Qlan) ann an [Dè cho math 's a tha An Sgoil Againn? 4<sup>mh</sup> Eagran](#) (HGIOS?4) (*Dè cho math 's a tha ar Tràth-ionnsachadh agus Cùram Chloinne?* (HGIOELC)<sup>1</sup>, *Dè cho math 's a tha Ar Colaiste?*<sup>2</sup>, *Dè cho math 's a tha Ar Sgoil?*<sup>3</sup>), leithid Qlan 2.2 (Curraicealam), 2.6 (Gluasadan) agus 3.3 (Meudachadh Cruthachaileachd agus So-fhastachd). Mar gheàrr-chunntas, bheir na stòrasan ionnsachaidh taic do thidsearan agus luchd-cleachdaidh eile an tuigse agus na goireasan do chlann agus daoine òga airson a bhith a' leasachadh, glacadh agus labhairt mu an sgilean agus an coileanaidhean gus adhartas a chomharrachadh agus slighean dreuchdail a chumail seasmhach san àm ri teachd

Gus taic a thoirt don phròiseas rannsachaidh proifeiseanta tha an stòras seo a' toirt cùl-fhiosrachadh mu profaidhleadh agus eisimpleirean de chur an sàs le taic bho grunnan cheistean meòrachail. Faodaidh na ceistean meòrachail sin a bhith mar phàirt de phròiseasan fèin-luachaidh na sgoile (HGIOS?4 agus HGIOELC QI 1.1, HGIOURS, 1 agus 5). Aig an aon àm tha e ag amas air a bhith a' tabhann smuaintean agus dealbhan mun leasachadh, a' tracadh agus a' sgrùdadh coileanaidhean an luchd-ionnsachaidh taobh a-staigh agus taobh a-muigh na sgoile agus leasachadh an sgilean.

### Builean ionnsachaidh

Mar thoireadh air a bhith a' dol an sàs san stòras ionnsachaidh seo bidh tu:

- a' faighinn tuigse mun amas agus adhbhar profaidhleadh ann an co-theacsa foghlam dreuchdail;
- comasach profaidhleadh a cheangal ri sùileachaidhean agus còraichean Inbhe Foghlam Dreuchdail 3-18;
- comasach meòrachadh air do chleachdadh làithreach le bhith a' beachdachadh air grunnan mhodhan-obrach a thaobh profaidhleadh;
- comasach beachdachadh air leasachadh, sgrùdadh, tracadh agus clàradh choileanaidhean taobh a-staigh agus taobh a-muigh na sgoile agus leasachadh sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair mar phàirt den phròiseas foghlaim nas fharsainge;
- a' faighinn tuigse mun phàirt a thathar a' sùileachadh a bhios tu a' cluich, còmhla ri com-pàirtichean, sa phròiseas profaidhleadh agus taic do luchd-ionnsachaidh ann a bhith a' leasachadh am profaidhlean;
- comasach a bhith ag ullachadh plana gus atharrachaidhean so-riaghladh a thoirt air adhart nad mhodh-obrach.

### Co dha a tha an t-ionnsachadh seo?

Chaidh an stòras seo a leasachadh gus cur ri ionnsachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh aig a h-uile ìre ag obair le clann agus daoine òga ann an tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, bun-sgoil, àrd-sgoil, sgoiltean speisealta, colaistean, solaraichean trèanaidh priobhaideach, solaraichean treas earrann, obair

<sup>1</sup> [Dè cho math 's a tha ar Tràth-ionnsachadh agus Cùram Chloinne?](#) (HGIOELC)<sup>1</sup>: Qlan 2.2, 2.3, 2.3, 2.4, 2.6, 3.2.

<sup>2</sup> [Dè cho math 's a tha Ar Colaiste?](#)

<sup>3</sup> [Dè cho math 's a tha Ar Sgoil? \(dreach neach-òg\)](#)

shòisealta, ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd agus solaraichean ionnsachaidh speisealta eile a' gabhail a-steach suidheachaidhean tèarainte agus còmhnaidheach.

Thathar a' sùileachadh gum bi an stòras air a chleachdadh a rèir iomchaidheachd a thaobh a' cho-theacsa làithreach agad, d' fhiosrachadh pearsanta agus do thuigse. Tha e an cois na sgrìobhainn stiùiridh "**Profaidhleadh sgilean agus coileanaidhean ann an co-theacsa foghlam dreuchdail/DYW**", a tha a' toirt seachad tuilleadh cùl-fhiosrachaidh agus ceanglaichean ri foillseachaidhean iomchaidh agus ri rannsachadh.

## Profaidhleadh – Cùl-fhiosrachadh

### Dè a tha ann am profaidhleadh?

Tha a bhith ag aithneachadh coileanadh, profaidhleadh agus clàradh nan eileamaidean bunaiteach de [An Curraicealam airson Sàr-mhathas](#) (faic A' Togail a' Churraicealaim 5). Bu chòir do chothroman tric agus riaghailteach a bhith aig clann agus daoine òga conaltradh agus lèirmheas a dhèanamh air an ionnsachadh, agus a bhith a' planadh an ath cheumannan leis an fheadhainn a tha an sàs san fhoghlam aca. Tha aon de na modhan-obrach air leth èifeachdach ann an HGIOS?4 CI 2.3 (Ionnsachadh, Teagaisg agus Measadh) a' cur cuideam air cho cudromach 's a tha e a bhith a' toirt taic do chlann agus daoine òga fàs mothachail air an coileanaidhean, an t-eòlas agus na sgilean a tha iad a' leasachadh, agus am buntanas a tha aig seo ris an t-saoghal san fharsaingeachd, agus gu sònraichte ri saoghal na h-obrach. Canar **profaidhleadh** ris a' phròiseas leantainneach seo bho 3-18.

Tha feart de mhodh-obrach àrd-èifeachdach ann an HGIOS?4 QI 2.6 (Eadar-ghluasadan) a' beantainn ri bhith a' cleachdadh profaidhleadh gus fiosrachadh a chur ri agus ionnsachadh a leasachadh san àm ri teachd. Ged a bhios stèidheachdan ag aithneachadh agus a' co-roinn choileanaidhean aig prìomh ìrean eadar-ghluasaid tro, mar eisimpleir a bhith a' toirt geàrr-chunntas air leasachaidhean agus adhartas ann am profaidhl no clàr neach-ionnsachaidh, tha am pròiseas profaidhlidh **leantainneach agus adhartach** a thaobh luchd-ionnsachaidh trom bliadhnaichean-sgoile. Tha e cudromach gum bi profaidhleadh ann an co-theacsa foghlam dreuchdail mar phàirt bhunaiteach de ghnìomhan profaidhlidh nas fharsainge agus nach bu chòir dha a bhith air fhaicinn mar nì air leth no a thuilleadh air seo.



**GNÌOMH** – Leugh [Geàrr-notaichean CfE 'Profaidhleadh agus profaidhlean AS3'](#)



### BEACHDAICH

- Dè an ìre gu bheil cleachdadh air profaidhleadh na fheart sa mhodh-obrach agam-sa/an stèidheachd agam?
- Dè cho math 's a tha a' chlann agus na daoine òga leis a bheil mi ag obair ag aithneachadh gu bheil sinn a' cleachdadh profaidhleadh le chèile gus taic a thoirt don slighean ionnsachaidh?
- Ciamar a tha mo/ar modh-obrach làithreach co-cheangailte ris na comharran treòrachaidh profaidhlidh ann an Geàrr-notaichean CfE?

- Tuilleadh Meòrachaidh: [A' Togail a' Churraicealaim 5](#)

Tha 3 prìomh fheartan san earrann 'A' toirt iomradh air adhartas agus coileanadh':

- a' gabhail a-steach luchd-ionnsachaidh, pàrantan agus feadhainn eile
- a' toirt cunntas air adhartas agus coileanadh
- a' toirt cunntas air ionnsachadh aig puingean eadar-ghluasad

Ceistean meòrachail:

- Dè an ìre gu bheil mi a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh aig an àm a tha an làthair tuigse a bhith aca air mar a tha an coileanaidhean gan cuideachadh gu bhith a' leasachadh sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair? (CI 2.3)

Dè an ìre gu bheil mi a' dèanamh ceangal ri luchd-obrach, pàrantan, agus com-pàirtichean gus profaidhleadh a mheudachadh san fharsaingeachd?



## CLÀRAICH

## Carson a tha profaidhleadh cudromach ann am foghlam dreuchdail?

Tha a bhith a' dol an sàs ann am profaidhleadh a' leigeil le luchd-ionnsachaidh a bhith a' leasachadh tuigse nas fheàrr orra fhèin agus air an ionnsachadh. Tha e a' toirt dhaibh an cothrom sgilean a chosnadh ann am meòrachadh, luachadh agus fèin-stiùireadh.

Tha HGIOS?4 CI 3.3 a' cuimseachadh air an raon de sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair a bu chòir do chlann agus daoine òga a bhith a' comharrachadh nas motha agus nas motha mar a bhios iad a' dol tron sgoil. Tha profaidhleadh a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh gu bhith a' meòrachadh air fèin-fhiosrachaidhean iomchaidh agus air an leasachadh de sgilean a tha a' sruthadh bhon seo. Tha dol an sàs leantainneach sa phròiseas seo ag altram a' chomais a bhith a' bruidhinn mun ionnsachadh agus sgilean ann an co-theacsa saoghal na h-obrach. Tha e cuideachd gan uidheamachadh leis a' chomas a bhith ag ullachadh àrd-amasan airson an ama ri teachd mu obair no na slighean dreuchdail as fheàrr a tha a' freagairt air na comasan, buadhan agus sgilean aca. Bidh e comasach do dhaoine òga a bhith a' co-roinn seo ri feadhainn a dh'fhaodadh am fastadh agus ri luchd-solair ionnsachaidh eile ann an dòigh bhrìghmhor agus fhiosrachail.



Bheir pròiseas profaidhleadh a tha a' gabhail a-steach meòrachadh air foghlam dreuchdail agus fèin-fhiosrachaidhean a tha stèidhichte air obair aig a' cheann thall, tuigse nas doimhne dhaibh mu cho cudromach is a tha am foghlam agus bheir e dhaibh bunait chinnteach air an dèan iad roghainnean mu na slighean a ghabhas iad san àm ri teachd. Mar thoradh cinnteach bidh e na thaic bhunaiteach sa phròiseas a bhith a' lorg, a' cur airson agus gu soirbheachail a' faighinn agus a' cumail obair.

### BEACHDAICH

- Dè cho math 's a tha na modhan-obrach agamsa agus aig an staidheachd foghlaim agam a thaobh profaidhleadh a' leasachadh mothachadh chloinne agus dhaoine òga orra fhèin mar luchd-ionnsachaidh agus a' toirt taic dhaibh ann a bhith ag aithneachadh nan sgilean a tha iad a' leasachadh airson ionnsachadh, beatha agus obair?
- Dè cho math 's a tha mise agus an sgoil/staidheachd agam a' cleachdadh profaidhleadh le clann agus daoine òga gus bruidhinn mun adhartas agus gus taic a thoirt do leantainneachd ann an ionnsachadh, gu h-àraidh aig ìrean eadar-ghluasaid?
- Dè an ìre gu bheil mise/an sgoil againn/an staidheachd againn a' toirt taic do chlann agus dhaoine òga ann a bhith a' planadh ionnsachadh airson an ama ri teachd agus a' beachdachadh air slighean dreuchdail?



## CLÀRAICH

### Dè tha Inbhe Foghlam Dreuchdail 3-18 ag ràdh?

Tha Inbhe Foghlam Dreuchdail 3-18 ag ràdh gu bheil còir aig clann agus daoine òga a bhith an sàs ann am profaidhleadh a tha a' toirt taic do ionnsachadh agus leasachadh sgilean airson obair agus roghainnean dreuchd airson an ama ri teachd. Tha na h-abairtean 'Is urrainn dhomh' a tha ann am paipear-taic CES 3-18 a' tabhann comharra air cò ris a dh'fhaodadh seo a bhith coltach bho ìre thràth chun na h-ìre as sine. Co-ionann ri seo thathar a' sùileachadh gum bi tidsearan agus luchd-cleachdaidh a' toirt air clann agus daoine òga a bhith an sàs ann an conaltradh brioghmhor mu bhith leasachadh an sgilean agus a' toirt taic dhaibh gu bhith a' meòrachadh orra gus a bhith a' faicinn, a' planadh agus a' leasachadh slighean dreuchdail.



**GNÌOMH** – Thoir sùil às ùr air na còraichean agus sùileachaidhean san [Inbhe Foghlam Dreuchdail 3-18](#) agus abairtean 'Is urrainn dhomh' a tha air an suidheachadh thar gach ìre ann an [Inneal eisimpleir CES](#).



## BEACHDAICH

- Ciamar a nì mi cinnteach gu bheil na còraichean agus sùileachaidhean mu phrofaidhleadh air an coinneachadh ann an co-theacsa mo chuid obrach?
- Dè an ìre gu bheil mi a' dèanamh feum de na h-abairtean 'Is urrainn dhomh' sa phròiseas profaidhlidh gus dèanamh cinnteach gu bheil a' coinneachadh ri còraichean chloinne agus dhaoine òga?
- Ciamar a nì thu cinnteach gu bheil an cothrom aig an luchd-ionnsachaidh air fad a bhith a' dol an sàs ann an conaltradhean brioghmhor mu am fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh, àrd-mhiannan agus slighean dreuchdail san àm ri teachd?



### Cò tha a' toirt taic don phròiseas profaileadh?

Tha uallach air an luchd-obrach air fad, pàrant(an) agus com-pàirtichean airson a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil clann agus daoine òga nan com-pàirtichean gnìomhach ann an conaltraidhean a tha a' dol air adhart a tha a' meòrachadh air an ionnsachadh, sgilean agus coileanaidhean a thaobh an slighean san àm ri teachd. Tha dol an sàs nam pàrantan agus com-pàirtichean air fhaicinn ann an HGIOS?4 agus HGIOELC Qlan 2.5 (Ionnsachadh Teaghlaich) agus 2.7 (Com-pàirteachasan). Tha e gu sònraichte cudromach gu bheil **pàrantan/luchd-cùraim** air am misneachadh agus gu bheil e air a dhèanamh comasach dhaibh prìomh àite a bhith aca ann am pròiseas profaidhlidh an cuid chloinne. Bu chòir do thidsearan agus luchd-cleachdaidh obrachadh gu dlùth le pàrantan gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh sa phròiseas profaidhlidh, le bhith a' bruidhinn ri clann agus daoine òga gu tric, mun ionnsachadh, coileanaidhean agus àrd-mhiannan. Tha fianais làithreach a' comharrachadh gur e pàrantan/luchd-cùraim na prìomh dhaoine a tha a' toirt buaidh air na co-dhùnaidhean a tha daoine òga a' dèanamh mu ionnsachadh agus slighean dreuchdail. Mar sin tha e riatanach gum bi ceangal aig pàrantan/luchd-cùraim ris a' phròiseas foghlam dreuchdail farsaing gus taic a thoirt dhan leanabh aca na roghainnean as fheàrr a dhèanamh a thaobh an slighean dreuchdail.

Tha com-pàirtichean a bhios a' lìbhrigeadh foghlam dreuchdail agus a' leasachadh sgilean so-fhastachd, leithid Comhairlichean Dreuchd, luchd-obrach colaiste, luchd-cleachdaidh CLD no luchd-fastaidh, comasach air stiùireadh luachmhor a thoirt agus iomraidhean air taobhan de ionnsachadh stèidhichte air obair, a' toirt taic do dhaoine òga a bhith a' luachadh fèin-fhiosrachadh agus trèanadh iomchaidh. Faodaidh foghlam choaoisean no meantoradh cuideachd cur gu brioghmhor ris a' phròiseas meòrachaidh san fharsaingeachd.





**GNÌOMH** – Faic na leanas airson tuilleadh fiosrachaidh:

1. Eisimpleir inntinneach de chleachdadh bho ‘Chomhairle na Gàidhealtachd: [Profaidhleadh leantainneach agus clàradh ann am bun-sgoiltean](#)
2. Fòram Phàrant Nàiseanta Alba [foillseachaidhean ‘Nutshell’](#): [Conaltraidhean Obrach](#)
3. [Inbhe Greisean Obrach](#): Gu h-àraidh na h-earrannan ‘After a placement’ a tha a’ soillseachadh gu sònraichte cho cudromach ‘s a tha e a bhith a’ meòrachadh air fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh stèidhichte air obair le luchd-fastaidh, pàrantan/luchd-cùraim agus luchd-cleachdaidh gus iad sin a cheangal ris an t-slighe foghlam dreuchdail san fharsaingeachd.
4. Pìosan film ‘[Conaltradh Neach-ionnsachaidh](#)’: Tha iad sin mar eisimpleir air modh-cleachdaidh san raon seo agus a’ togail air conaltradh agus glacadh ionnsachadh neo-fhoirmeil san raon seo agus nithean mu choileanadh nas fharsainge.



**BEACHDAICH**

- Dè na h-ullachaidhean a tha mi air a dhèanamh gus **còmhradhean brìoghmhor** a thoirt a-steach mu leasachadh sgilean agus slighean dreuchdail nam obair le clann agus daoine òga?
- Dè an ìre gu bheil com-pàirtichean, agus gu sònraichte pàrantan/luchd-cùraim mar phrìomh luchd-buaidh an sàs ann a bhith a’ cur ri conaltradh mu dhreuchd le luchd-ionnsachaidh?
- Ciamar a nì mi cinnteach gum bi na còmhradhean sin a’ toirt fiosrachadh seachad agus a’ cur ris a’ phròiseas profaidhleadh airson luchd-ionnsachaidh agus gan cuideachadh ann a bhith a’ bruidhinn mu leasachadh sgilean co-cheangailte ris na mòr-mhiannan a tha aca a thaobh dreuchd?
- Dè an ìre gu bheil mi a’ toirt leasachadh sgilean a-steach nam còmhradhean tro ionnsachadh neo-fhoirmeil agus coileanadh nas fharsainge? Agus ciamar a nì mi cinnteach gu bheil iad sin air an glacadh agus air an cleachdadh ann am profaidhlean luchd-ionnsachaidh agus ann am pròiseasan co-chur an dèidh làimh?



## CLÀRAICH

### Dè tha ann am profaidhl agus cò leis a tha e?

Is e clàr a tha ann am profaidhl a tha a' toirt cunntas air prìomh ìrean adhartas sgoileir. Tha taic coitcheann de dh'àrd-chàileachd (HGIOS?4 agus HGIOELC CI 2.4) a' dèanamh cinnteach gum bi clann agus daoine òga mar a bhios iad a' gluasad air adhart air an slighe ionnsachaidh, a' meòrachadh gu riaghailteach air an adhartas agus ag ùrachadh am profaidhlean gus cunntas a chumail air na coileanaidhean as ùire agus as fheàrr aig àm sam bith. Clàraidh luchd-ionnsachaidh, gu riaghailteach, beachdan mun ionnsachadh foirmeil agus neo-fhoirmeil agus na sgilean a tha iad air a leasachadh, agus ceanglaidh iad sin ri saoghal na h-obrach, na h-àrd-amasan aca a thaobh dreuchd agus slighean san àm ri teachd. Aig a' cheann thall bu chòir dhan neach-ionnsachaidh fighe a-steach dha na pròiseasan airson a bhith a' sireadh, a' lorg agus a' cur airson obair, ag ullachadh airson agallamhan no obair air an ceann fhèin, sgrìobhadh CV msaa.

Ged a tha tidsearan agus luchd-cleachdaidh an teis-mheadhan a bhith a' toirt taic agus a' stiùireadh a' phròiseas profaidhlidh, gu h-àraidh aig ìrean tràth de fhoghlam, is ann leis **an neach-ionnsachaidh** a tha am fiosrachadh agus aig a' cheann thall is e/i a tha an urra ri bhith a' leasachadh, ag ùrachadh agus a' co-roinn a shusbaint.



## BEACHDAICH

- Dè an ìre gu bheil mi a' toirt comas do luchd-ionnsachaidh a bhith a' gabhail làn uallach airson am profaidhlean?
- Ciamar a nì mi cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh a' dèanamh an fheum as fheàrr de chomas am profaidhlean agus gan cleachdadh gu feumail gus an slighe dhreuchdail a chlàradh, a luachadh, a phlanadh agus a leasachadh?

- Ciamar as fheàrr a chuidicheas mi luchd-ionnsachaidh leis a' phròiseas profaidhlidh?
- Dè an ìre gu bheil mi a' dèanamh cinnteach gu bheil profaidhlean luchd-ionnsachaidh a' gabhail a-steach nan coileanaidhean a chaidh fhaighinn tro an dà chuid ionnsachadh foirmeil agus neo-foirmeil taobh a-muigh co-theacsa na sgoile?



## CLÀRAICH

## Dè bu chòir a bhith ann am profaidhl?

Bidh profaidhl neach-ionnsachaidh stèidhichte air raon farsaing de fhiosrachadh mu fhèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh, adhartas agus coileanaidhean tro na ceithir co-theacsaichean airson ionnsachadh den Churraicealam airson Sàr-mhathas <sup>4</sup>.

Faodaidh seo a bhith a' gabhail a-steach:

- adhartas agus coileanadh thar gach raon curraicealaim agus nas farsaing na sin, a rèir na h-ìre ionnsachaidh agus leasachaidh;
- fiosrachadh mu adhartas agus leasachadh **sgilean** air am mìneachadh a rèir ceangal ris an t-saoghal obrach agus àrd-mhiannan dreuchdail;
- cunntas neach-ionnsachaidh a' mìneachadh nan coileanaidhean as ùire agus as fheàrr aige/aice, san sgoil agus taobh a-muigh na sgoile;<sup>5</sup>
- clàr de theisteanasan agus de dhuaisean a chaidh fhaighinn, le iomradh air ìrean SCQF<sup>6</sup> far a bheil sin iomchaidh;

<sup>4</sup> A An Curraicealam airson Sàr-mhathas : [Na ceithir co-theacsaichean airson ionnsachadh](#)

<sup>5</sup> [Nithean longantach](#)

<sup>6</sup> Tha mòran phrògraman ionnsachaidh ann a thuilleadh air teisteanasan SQA aig a bheil ìrean SCQF agus puingean creideis agus tha e cudromach gu bheil fios aig na daoine òga air an ìre aig a bheil iad len ionnsachadh oir tha sin a' cuideachadh am misneachd cho math ri bhith a' planadh an slighe ionnsachaidh is iad a' dol air adhart. Airson tuilleadh fiosrachaidh rach gu [www.scqf.org.uk](http://www.scqf.org.uk)

- meòrachadh air fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh stèidhichte air obair a' gabhail a-steach nithean a bhios luchd-fastaidh a' cur ris;
- coileanaidhean no fèin-fhiosrachaidhean iomchaidh taobh a-muigh co-theacsa foghlaim foirmeil mar obair coimhearsnachd, obair saor-thoileach msaa;
- iomraidhean no teisteanasan taiceil mar eisimpleir bho thidsearan, luchd-fastaidh, pàrantan/luchd-cùraim, comhairlichean SDS, luchd-obrach òigridh msaa;
- eileamaidean a tha a' comharrachadh tuigse den phròiseas a bhith a' lorg, a' cur airson, a' faighinn agus a' cumail obair (me modailean MyWoW air an crìochnachadh, CV no Resume msaa).

## Dè cho cudromach 's a tha e a bhith a' glacadh leasachadh sgilean?

Tha amasan *A' Churraicealam airson Sàr-mhathas* ag ràdh gu soilleir gu bheil còir aig gach leanabh agus duine òg a bhith a' fèin-fhiosrachadh curraicealam farsaing a tha a' leasachadh sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair<sup>7</sup>. Tha cudromachd an nì seo air a shoilleireachadh ann an [A' Togail a' Churraicealaim 4](#), a' frèamadh agus a' seòrsachadh nan sgilean ann an co-theacsa a' churraicealaim san fharsaingeachd.

Ann an eaconamaidh chruinneil, a tha sìor fhàs iom-fhillte agus daineamaig, tha an t-iarrtas airson sgilean gluasadach, iomchaidh airson a' mhargaidh-obrach taobh ri taobh ri eòlas sònraichte, air fhaicinn riatanach ann a bhith a' leantainn slighe dhreuchdail shoirbheachail. Tha e mar sin deatamach gun aithnich, gun leasaich agus gum minich luchd-ionnsachaidh an sgilean agus gun ceangal iad na sgilean sin ris na h-àrd-mhiannan aca a thaobh dreuchd san àm ri teachd. Tha mòran sgoiltean agus suidheachaidhean foghlaim air frèaman-obrach agus meadhanan a leasachadh gus taic a thoirt do bhith a' leasachadh sgilean luchd-ionnsachaidh, taobh a-staigh agus taobh a-muigh na sgoile agus iad sin a ghlacadh mar phàirt den phròiseas sgrùdaidh, tracadh agus clàraidh.



### GNÌOMH

Beachdaich air na h-eisimpleirean cleachdaidh inntinneach a leanas:

- Àrd-sgoil Leth-Pheairt: [Frèam-obrach Sgilean](#) - a' leasachadh sgilean thar gach taobh de ionnsachadh
- Comhairle Mhoireibh: [Slighean Sgilean](#)
- Àrd-sgoil Cheann a' Ghiùthsaidh: [A' profaidhleadh sgilean so-fhastachd agus coileanadh nas fharsainge](#)
- [SQA: Frèam-obrach Bun Sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair](#)



### BEACHDAICH

- Dè na buannachdan agus na h-eas-bhuannachdan a tha an cois nam modhan-obrach gu h-àrd a thaobh a bhith a' leasachadh agus a' mapadh sgilean?
- Dè an ìre gu bheil mi/mo phlana-sgoile ag adhartachadh, a' tracadh agus a' profaidhleadh leasachadh sgilean?
- Dè na h-innealan a bhios mi/sinn a' cleachdadh gus leasachadh sgilean luchd-ionnsachaidh a thaic, a sgrùdadh agus a chlàradh (me innealan, stiùiridhean,

<sup>7</sup> [A' Togail a' Churraicealaim 3](#), td 4, 8 msaa.

modhan-obrach ionnsachaidh agus teagaisg, gnìomhan neo-churraicealaich msaa)?

- A thaobh leasachadh sgilean, dè cho math 's a tha sinn a' meudachadh nan cothroman a tha rim faotainn bhon raon fharsaing de dhùaisean agus theisteanasan òigridh? (me Diùc Dhùn Èideann, City & Guilds, Edexcel BTEC, ASDAN, Iain Muir, Duaisean Leasachadh Pearsanta SQA no NPAan)?
- Dè an ìre gu bheil sinn a' leasachadh [Sgilean Rianachd Dreuchd](#) mar phàirt bhunaiteach de ar curraicealam?



## CLÀRAICH

## Cò ris a tha profaidhleadh a' coimhead coltach?

Tha raon farsaing de fhòrmatan agus innealan air an cleachdadh gus luchd-ionnsachaidh a chuideachadh a bhith a' glacadh agus a' co-roinn an slighe profaidhlidh le cudrom a tha a' sìor fhàs air stèidhichte air profaidhlean didseatach. Tha na h-eisimpleirean a leanas a' gabhail a-steach grunnan mhodhan-obrach agus innealan a tha air an cleachdadh aig an àm a tha an làthair le sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail.

- Àrd-sgoil Cheann a' Ghiùthsaidh: : [A' profaidhleadh sgilean so-fhastachd agus coileanadh nas fharsaing](#)
  - Comhairle Pheairt is Cheann Rois: [Profaidhlean agus Stiùireadh Profaidhleadh 3-18](#)
  - Modh-obrach profaidhlidh a' cleachdadh pasgain-e ([seatadh suas Glow Blog](#))
  - Tarbolton PS: [SEESAW](#) – inneal conaltraidh air-loidhne

## Mo Shaoghal Obrach

Mar fhreagairt do Leasachadh na Sgioba Obrach Òg agus fios air ais a tha gu riaghailteach air a thoirt air an t-seirbheis dhìseatach, tha Leasachadh Sgìlean na h-Alba air a dhol an sàs gu farsaing le sgoiltean, colaistean, buidhnean ionadail agus nàiseanta gus atharrachaidhean cudromach a dheilbh agus a chumadh, a tha a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh air an slighe ionnsachaidh. Tha seo a' gabhail a-steach atharrachaidhean a thaobh seòladh agus pearsantachadh, le cunntas an neach-cleachdaidh, modh-obrach profaidhl agus sgìlean air a leasachadh gu mòr taobh a-staigh Mo Shaoghal Obrach.

Tha cunntas neach-cleachdaidh ath-dheilbhte a' leigeil le luchd-cleachdaidh amasan agus gnìomhan co-cheangailte a thaghadh a tha gu sònraichte a rèir na dreuchd agus na h-ìre leasachaidh aca.

Tha Leasachadh Sgìlean na h-Alba cuideachd air a bhith ag obair gus modh-obrach nàiseanta ullachadh airson profaidhlean, le sgìlean mar cho-phàirt bhunaiteach. Tha am profaidhl a' tabhann modh-obrach a tha a' toirt taic do dhaoine òga ann a bhith a' mìneachadh gu soilleir agus gu misneachail cò iad agus dè na nithean a tha iad math air. Sa phrofaidhl is urrainn dhan luchd-cleachdaidh meòrachadh air am pearsa, sgìlean, neartan, foghlam, fèin-fhiosrachadh agus coileanaidhean, agus tha seo air fad air a thoirt ri cheile gus a bhith a' cruthachadh Aithris Phearsanta.

Faodaidh tu an t-inneal fhaicinn [an seo](#).



**GNÌOMH** – Beachdaich air aon no barrachd de na h-eisimpleirean profaidhlidh gu h-àrd.



**BEACHDAICH**

- Dè buannachdan agus eas-bhuannachdan nan eisimpleirean profaidhlidh air a bheil mi air beachdachadh?
- Ciamar a tha seo eadar-dhealaichte bho na profaidhlean a tha air an cleachdadh san t-suidheachadh foghlaim agam?
  - Dè cho misneachail 's a tha ar luchd-ionnsachaidh mu fhios a bhith aca far am faigh iad fiosrachadh agus taic, a' dèanamh feum èifeachdach de thùsan air-loidhne leithid *Mo Shaoghal Obrach*?
  - Dè an ìre gu bheil mo/ar modh-obrach a thaobh profaidhleadh a' ceangal ri slighe dhreuchdail luchd-ionnsachaidh (me a bheil e a' toirt taic don phròiseas 'lorg, cur airson agus gu soirbheachail faighinn agus cumail obair')?



### Dè an ath rud?

Letheach slighe tron seo tha sinn a' sùileachadh gum bi clàr-obrach DYW a' tighinn air adhart ann an sgoiltean agus suidheachaidhean foghlaim eile aig astar a bhith air a làn bhuileachadh mu 2021. A rèir nan lèirmheasan as ùire<sup>8</sup>, agus aithisgean luachaidh agus sgrùdaidh tha meudachadh comharraichte air a bhith na bhuileachadh. Mar a bhios seo a' cumail air a' meudachadh bidh an t-iarrtas airson planadh, leasachadh agus toirt fianais air slighean foghlaim dreuchdail luchd-ionnsachaidh a' fàs cuideachd le iarrtas bho chlann agus dhaoine òga agus am pàrantan/dreuchdan cuideachd. Bidh an stòras seo, còmhla ris an taic eile a bhithear a' tabhann mu phrofaidhleadh aig ìre roinneil/nàiseanta, ag amas air a bhith a' togail comas san raon seo.

### Lèirmheas Slighe Neach-ionnsachaidh 15 – 24

Tha Riaghaltas na h-Alba air lèirmheas farsaing a ghabhail os làimh air slighe foghlaim luchd-ionnsachaidh aois 15-24. Anns [an aithisg](#) a chaidh fhoillseachadh sa Chèitean 2018, tha 17 molaidhean a tha ag amas air a bhith a' leasachadh an t-siostam foghlaim agus sgilean le bhith a' solar slighe foghlaim a tha nas so-leantainnich agus nas cunbhalaich a tha a' leigeil leis na daoine òga air fad planadh nas fheàrr a dhèanamh agus an slighean san àm ri teachd adhartachadh.

A thaobh co-theacsa profaidhlidh, tha moladh 1 den lèirmheas ag ràdh:

---

<sup>8</sup> Faic [Cur an sàs CES](#) agus lèirmheasan CIAG.

“Nì sinn cinnteach gu bheil cunntas neach-ionnsachaidh air-loidhne aig gach neach-ionnsachaidh ann an Alba gus an sgilean agus am buadhan a cheangal ri roghainnean nas fheàrr a thaobh chùrsaichean. Tòisichidh an obair seo ann an 2018. Obraichidh sinn le SDS airson Mo Shaoghal Obrach a leasachadh gus làn-cheangal a dhèanamh le seirbheisean didseatach a tha a-cheana san sgoil gus cunntas neach-ionnsachaidh air-loidhne a libhrigeadh **a leigeas le luchd-ionnsachaidh am buadhan, sgilean agus teisteanasan a chlàradh ann an leithid a dhòigh a leanas iad an dèidh na sgoile agus a chuidicheas iad a’ planadh an slighe ionnsachaidh a-steach gu obair.**”

Is e prìomh amas Lèirmheas Slighe an Neach-ionnsachaidh dèanamh cinnteach gu bheil “gach neach-ionnsachaidh air an t-slighe cheart chun na h-obrach cheart, tron chùrsa cheart leis an fhiosrachadh cheart”<sup>9</sup>. Gus seo a choileanadh feumaidh luchd-ionnsachaidh taic agus stiùireadh èifeachdach ann a bhith a’ profaidhleadh an coileanaidhean agus an sgilean.

Tha e mar sin cudromach gun dèan tidsearan agus luchd-cleachdaidh lèirmheas agus luachadh air am modh-obrach làithreach agus gun cleachd iad an stiùireadh as ùire agus na h-innealan a tha rim faotainn gus dèanamh cinnteach gu bheil na pròiseasan profaidhleadh as èifeachdaich nan àite.

Aig an aon àm bheir seo taic do bhuileachadh clàr-obrach DYW agus, nas sònraichte, a’ chòir agus na sùileachaidhean a tha ann an Inbhe Foghlam Dreuchdail 3-18.

## Na h-ath cheumannan: Deuchainn bheag a thaobh atharrachadh

Tha thu a-nis air beachdachadh air grunnan thaobhan de phrofaidhleadh ann an co-theacsa DYW. Cleachd nam meòrachaidhean agad agus na notaichean bhon phròiseas gu h-àrd gus beachdachadh air ‘deuchainn bheag mu atharrachadh’.



Beachdaich air deuchainn bheag airson atharrachadh a dhèanamh le bhith a’ cuimseachadh air ‘a bhith a’ feuchainn a-mach’ an gnìomh le aon sgoilear/aon bhuidheann/aon chlas agus ag amas air a bhith a’ grinneachadh a’ ghnìomh mus leasaich thu e airson fheuchainn a-mach le buidheann nas motha.



Is dòcha gum bi an clàr a leanas feumail dhut ann a bhith a’ comharrachadh nan atharrachaidhean a tha thu air roghnachadh a dhèanamh agus mar a nì thu iad.

<sup>9</sup> [Lèirmheas Slighe Neach-ionnsachaidh 15 – 24](#) td 7



Dè na raointean a tha mi air a chomharrachadh tro na meòrachaidhean gu h-àrd air an obraich mi?	Gnìomh a nì mi gus mo mhodh-obrach a leasachadh	Cò a bheir dhomh taic le seo? Cò a bhios na chom-pàirtich dhomh le seo?	Cuin a nì mi lèirmheas air buaidh/buil a' ghnìomh seo?

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu chur an cèill agus luachadh buaidh ghnìomhan CLPL aig:

<http://www.gtcs.org.uk/professional-update/research-practitioner-enquiry/practitioner-enquiry/practitioner-enquiry.aspx>

## Pàipear-taic: Ceangalan agus stòrasan co-cheangailte

Nithean longantach, Lìonra Dhuaisean

[http://www.sqa.org.uk/files\\_ccc/Amazing\\_Things\\_3rd\\_edition.pdf](http://www.sqa.org.uk/files_ccc/Amazing_Things_3rd_edition.pdf)

An t-sreath A' Togail a' Churraicealaim

[https://education.gov.scot/scottish-education-system/policy-for-scottish-education/policy-drivers/cfe-\(building-from-the-statement-appendix-incl-btc1-5\)/Building%20the%20Curriculum](https://education.gov.scot/scottish-education-system/policy-for-scottish-education/policy-drivers/cfe-(building-from-the-statement-appendix-incl-btc1-5)/Building%20the%20Curriculum)

Inbhe Foghlam Dreuchdail 3-18

<https://education.gov.scot/improvement/Documents/dyw2-career-education-standard-0915.pdf>

Conaltraidhean mu Dhreuchdan

<https://www.npfs.org.uk/downloads/career-conversations-in-a-nutshell/>

Inbhe Foghlam Dreuchdail: Seata Stòrasan Ionnsachaidh

<https://education.gov.scot/improvement/learning-resources/career%20education%20standard%203-18:%20suite%20of%20learning%20resources>

Brath Ullachaidh CfE: An Curraicealam airson Sàr-mhathas – Profaidhleadh agus profaidhl AS3

<https://education.gov.scot/Documents/cfe-briefing-3.pdf>

Dè cho math 's a tha an sgoil againn? 4

<https://education.gov.scot/improvement/self-evaluation/HGIOS4>

Dè cho math 's a tha a' cholaiste againn?

<https://education.gov.scot/improvement/selfevaluation/How%20good%20is%20our%20college?>

Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne?

<https://education.gov.scot/improvement/self-evaluation/How%20good%20is%20our%20early%20learning%20and%20childcare?>

Dè cho math 's a tha AR sgoil? (dreach neach-ionnsachaidh)

<https://education.gov.scot/improvement/self-evaluation/frwk20-how-good-is-our-school>

MO SHAOGHAL OBRACH

<https://www.myworldofwork.co.uk/>

Frèam-obrach Creideas an agus Teisteanasan na h-Alba

<https://scqf.org.uk/>

Lèirmheas Slighe Neach-ionnsachaidh 15 – 24

<http://www.gov.scot/Publications/2018/05/4774>

Lèirmheas So-fhastachd Fastadh Òigridh na RA

<https://www.youthemployment.org.uk/youth-employment-uk-employability-skills-review-2017/?platform=hootsuite>

**Foghlam Alba**

Taigh Denholm  
Pàirc Gnìomhachais  
Slighe Almondvale  
Baile Dhunlèibhe EH54 6GA

**T** +44 (0)131 244 4330

**E** [enquiries@education.scotland.gsi.gov.uk](mailto:enquiries@education.scotland.gsi.gov.uk)

<https://education.gov.scot/>